



AN COMUNN GÀIDHEALACH

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

DAMHAIR 2020 / OCTOBER 2020

CLASAICHEAN GÀIDHLIG AIR A THABHACHD DO BHUILL NAN CÒISIREAN GÀIDHLIG

A bheil thu nad bhall de chòisir Ghàidhlig ag amas air do sgilean Gàidhlig a thoirt am feabhas?

Tha An Comunn Gàidhealach a' tabhann clasaichean Gàidhlig air-loidhne do sheinneadairean ann an còisirean inbheach a tha airson an comas sa chànan a leasachadh. Thèid clasaichean a thairginn aig trì diofar ìrean comais; Òr, Airgead agus Umha, ann an co-rèir ri Sgeama Measaidh a' Chomuinn.

Bidh na clasaichean a' ruith ann am blocaichean de 6 seachdainean sa chiad àite, le meanbh-chìs de £4 gach clas (£2 gach clas do bhuill a' Chomuinn Ghàidhealaich). Ma tha ùidh agad ann an clàradh sna clasaichean sin agus gus tuilleadh fiosrachaидh fhaotainn, feuch gun lòn thu an t-suirbhidh gu h-íosal.

<https://www.surveymonkey.co.uk/r/ML2XVY3>

ACG TO OFFER GAELIC CLASSES TO GAEILIC CHOIR MEMBERS

Are you a member of a Gaelic choir aiming to improve your Gaelic language skills?

An Comunn Gàidhealach are offering online Gaelic language classes to Gaelic senior choristers who wish to develop their ability in the language. Classes will be offered at three different levels of ability; Gold; Silver and Bronze, in accordance with Sgeama Measaidh a' Chomuinn.

The classes will run in blocks of 6 weeks initially with a nominal charge of £4 per class (£2 per class for An Comunn Gàidhealach members). If you are interested in enrolling in these classes and to receive more information, please fill out the survey, below.

<https://www.surveymonkey.co.uk/r/ML2XVY3>



Donate to
An Comunn
Gaidhealach



#cleachdi
aigantaigh

MÒRAN TAING

Bu mhath le Sgioba a' Chomuinn taing a thoirt dhuibh airson a bhith còmhla rinn thairis air seachdain a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail Air-loidhne. Tha sinn cho toilichte leis an àireamh de dhaoine a bha a' coimhead air na prògraman againn!

Bha seachdain air leth againn agus tha sinn an dòchas gun do chòrd e ribh uile. Ged a bha sinn ag ionndrainn a bhith a' cruinneachadh còmhla mar a b' àbhaist, bha e cho math gun robh cothrom againn fhathast a bhith a' taisbeanadh cànan, ceòl agus seinn na Gàidhlig.

Mur a d' fhuair sibh cothrom na prògraman gu lèir a choimhead, tadhlaibh air an duilleag Facebook no an seanal YouTube againn agus gheibh sibh iad uile an sin.

Mu dheireadh, bu chaomh leinn taing mhòr a thoirt do duine no dhithis a rinn sàr obair dhuinn gus na prògraman seo a thoirt gu buil. Taing do Alex earse, a bha os cionn gnothaichean teicnigeach agus a thug taic air leth don luchd-obrach thairis air an t-seachadain agus anns na miosan ro-làimh cuideachd. Taing mhòr dha Anna Mhoireach agus dha Kirsteen NicDhòmhnaill airson na cuirmean a libhrigeadh cho proifeiseanta agus airson an taic a thug iad dhuinn ag ullachadh airson na prògraman. Taing cuideachd do Sheònaid NicDhòmhnaill, Dòmhnull Dòmhnullach agus Alasdair MacCumhais airson cuideachadh le fo-thiotalan is eile. Bha sinn cuideachd toilichte gu robh cothrom againn Alison Brus fhastadh airson beagan sheachdainean gus taic a thoirt dha Alex agus dhan sgioba.

Taing mhòr dhuibh a chàirdean!

THANK YOU

An Comunn Gàidhealach would like to thank you for joining us for the Virtual Royal National Mod this year. We were delighted to see the number of people who watched our programmes.

It was a fantastic week and we hope that you all enjoyed it. Although we missed meeting together, this was a great opportunity for the Gaelic world to join together to showcase and appreciate the Gaelic language, music and song.

If you missed any of our programmes during Mod week you can watch them again via our Facebook page or YouTube channel.

Finally, we would like to say a special thank you to a few people for going the extra mile for us. Firstly, a very big thank you to Alex Tearse who was responsible for creating the online system, producing the programmes and bringing everything together through the IT platforms.. Alex gave a huge amount of support and training to staff in the build-up to and throughout Mod week. Grateful thanks to Anna Murray and Kirsteen Macdonald for presenting the concerts so professionally and for their help with the preparatory work. Thanks also to Janet Macdonald, Donald Macdonald and Alasdair MacCuish for their help with translating, transcribing and subtitling for the programmes. We were also delighted to welcome Alison Bruce to join us for a few weeks to support us with preparations for the Virtual Mod. We were so fortunate to have such a fantastic team working together.

Taing mhòr dhuibh a chàirdean!



SUIRBHIDH A' MHÒID NÀISEANTA RÌOGHAIL AIR-LOIDHNE

Ged nach robh e comasach dhuinn am Mòd Nàiseanta Rìoghail a chumail an Inbhir Nis am bliadhna, bha An Comunn Gàidhealach toilichte Mòd Air Loidhne a chumail eadar 9-17mh den Dàmhair. Ghabh òigridh agus inbhich pàirt anns a' Mhòd Air-Loidhne, far an deach còrr is 30 tachartas a chumail agus a chraoladh air meadhanan sòisealta na buidhne.

Airson beagan sgrùdaidh a dhèanamh air an tachartas, bu mhath leinn bh' ur beachdan a shireadh. Ma thug sibh sùil air no ma ghabh sibh pàirt anns a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail Air-loidhne ann an dòigh sam bith, bhiodh sinn fada na bh'ur comain nan gabhadh sibh pàirt anns an suiribhidh seo.

Chan fheum sibh ainm a chur ris mur a bheil sibh ag iarraidh. Tha an sgrùdadadh seo cudthromach airson beachd a thoirt dhuinn air dè cho èifeachdadadh 's a bha an tachartas agus ciamar is urrainnear tachartasan a leasachadh san àm ri teachd.

<https://www.surveymonkey.co.uk/r/T38MV5H>



VIRTUAL ROYAL NATIONAL MOD FEEDBACK

Despite the cancellation of The Royal National Mòd in Inverness this year, An Comunn Gàidhealach were delighted to hold an online version of the Royal National Mòd which took place during 9-17 October. The event showcased junior and senior participants who took part in the Virtual Mòd and consisted of over 30 events which were broadcast via our social media channels.

In order to evaluate our event we would like to hear from you. If you watched, attended or took part in any of our Virtual Royal National Mòd events, we would be grateful if you could take the time to fill in the short survey below and provide feedback on the experience.

You may choose to remain anonymous or provide your name. This post-event evaluation is important in helping us to understand the impact the event has had and to allow us to reflect on how we can improve on future events.

<https://www.surveymonkey.co.uk/r/T38MV5H>



#cleachdi
aigantaigh

CUIRMEAN A' MHÒID

Bha sinn cho toilichte leis mar a chaidh Cuirmean a' Mhòid Air-loidhne. Chaidh a' chiad tachartas a chumail air Dihaoine an 9mh den Dàmhair, Fosgladh Oifigeil a' Mhòid Air-loidhne, le measgachadh de chuirmean agus tachartasan a' gabhail àite thairis air an còrr den t-seachdain, uile a' dol a-mach air na meadhanan sòisealta againn.

Bha na cuirmean againn a' taisbeanadh taghadh den fheadhainn a chur a-steach airson am Mòd Air-Loidhne, ann an roinnean ionnsramaid, seinn, litreachas, beul-aithris agus dannsa.

Airson na prògraman againn gu lèir fhaicinn a-rithist, tadhlairbh air an duilleag Facebook no an seanal YouTube againn no bruthaibh air na ceanglan seo an dràsta.



CUIRMEAN A' MHÒID

We had a fantastic response to our Virtual concerts throughout Mod week. The week kicked off with a special Opening concert on Friday 9th October, followed by an extensive programme of online concerts and events throughout the week, broadcasted via our social media platforms.

Our concerts showcased a selection of participants who took part in the Virtual Mod in a range of instrumental, solo singing, literature, oral and dance categories.

If you missed any concerts, or if you wish to watch them again, please visit our Facebook page or YouTube channel at any time or click on the following links now.



IOMALL A' MHÒID

Bha grunn bhuidhnean an lùib lomall a' Mhòid Air-loidhne am bliadhna. Taing mhòr do gach buidhean a chur prògram ri chèile agus a thug taic dhan Mhòd Nàiseanta Rìoghail Air-Loidhne.

Gheibhearr liosta prògraman an lomall an seo. Bruthaibh air na ceanglan gu h-ìosal airson an coimhead no tadhlaibh air an **duilleag Facebook** no an **seanaid YouTube** againn.



VIRTUAL FRINGE PROGRAMME

Several groups and organisations were involved in the Virtual Mod Fringe programme this year. We would like to take this opportunity to thank all those who supported the Virtual Mod Fringe programme.

You can view our programmes again by clicking on the relevant links below or by visiting [our Facebook page](#) or [YouTube channel](#).



IOMALL A' MHÒID

Le taic bho
Supported by



RIOGHATAS NA H-ALBA
gov.scot



Ann an co-bhann le
In association with COMHAIRLE NAN LEABHRAICHEAN

Leugh is Seinn le Linda aig a' Mhòd Read and Sing with Linda at the Mòd

13.10.20 | 10:00



Le taic bho
Supported by



RIOGHATAS NA H-ALBA
gov.scot



Ann an co-bhann le
In association with feisean NAN GÀIDHLÉ

Dolina is D.I. aig a' Mhòd Dolina and D.I. at the Mòd

13.10.20 | 11:00



Le taic bho
Supported by



RIOGHATAS NA H-ALBA
gov.scot



Cagar Highland Whispers

13.10.20 | 13:00



12:17

Le taic bho
Supported by



RIOGHATAS NA H-ALBA
gov.scot



Ann an co-bhann le
In association with feisean NAN GÀIDHLÉ

Dolina is D.I. aig a' Mhòd Dolina and D.I. at the Mòd

14.10.20 | 11:00



4:16



Donate to
An Comunn
Gaidhealach



VIRTUAL FRINGE PROGRAMME

Le taic bho
Supported by



Cagar

Highland Whispers



Ann an co-bhann le
In conjunction with



Ach Dè Nì Leabhar?

But What Does a Book Do?



Ann an co-bhann le
In association with



Taigh nam Bàrd

'The Poets' House'

14.10.20 | 17:00



#cleachdi
aigantaigh

IOMALL A' MHÒID

Le taic bho
Supported by



Ann an co-bhann le
In association with



Dolina is D.I. aig a' Mhòd

Dolina and D.I. at the Mòd

15.10.20 | 11:00



Le taic bho
Supported by



Le taic bho
With support from



Cagar

Highland Whispers

15.10.20 | 13:00



Le taic bho
Supported by



Bùth-Obrach Seinn nan Salm

Gaelic Psalm Workshop

15.10.20 | 17:00



VIRTUAL FRINGE PROGRAMME

Le taic bho
Supported by



Ann an co-bhann le
In association with



Dolina is D.I. aig a' Mhòd

Dolina and D.I. at the Mòd

16.10.20 | 11:00



Le taic bho
Supported by



Le taic bho
With support from



Cagar

Highland Whispers

16.10.20 | 13:00



Le taic bho
Supported by



Ann an co-bhann le
In association with



Cèilidh na Comhairle

The Highland Council Cèilidh

16.10.20 | 21:00



Donate to
An Comunn
Gaidhealach



#cleachdi
aigantaigh

ÀIREAMAN A' MHÒID AIR-LOIDHNE

Bha sinn cho toilichte faicinn an àireamh de dhaoine a bha a' coimhead prògraman a' Mhòid Air-Loidhne agus lomall a' Mhòid-Air-loidhne thairis air seachdain a' Mhòid.

Chaidh còrr is 30 tachartas a chraoladh air an duilleag Facebook agus air an seanal YouTube againn.

Bha an duilleag Facebook againn gu h-àraigdh trang suas gu agus fad seachdain a' Mhòid Air-loidhne. Seo agaibh beagan fiosrachaidh air na h-àireamhan de dhaoine a bha a' coimhead agus a' tadhail air an duilleag agus air tachartasan againn:

VIRTUAL MOD STATISTICS

We were delighted to see the number of people who viewed our programmes during Virtual Mod week.

Over 30 events were held and broadcast via our Facebook page and our YouTube channel.

Our Facebook page especially was our main platform for broadcasting programmes and interacting with 'viewers' throughout the week.

Here are some figures which give an idea of the number of people who watched and interacted with our page throughout Virtual Mod week:

13,024 page views

156.5k minutes of video viewed

Post Engagement (the number of times people engaged with your posts) 65,232

Videos (the number of times your page's videos were played) 125,064

Post Reach (the number of people who saw any of your posts at least once) 110,623

Mòran taing dhuibh uile!



Royal National Mod

@RoyalNationalMod · Nonprofit Organization



Donate to
An Comunn
Gaidhealach



#cleachdi
aigantaigh

TAING DHA LUCHD-MAOINEACHAIDH

Bu mhath leinn taing a thoirt do na buidhnean a leanas airson an taic a tha iad a' toirt dhan Chomunn.

'S ann leis an taic seo a bha e comasach dhuinn Mòd Nàiseanta Rìoghail Air-Loidhne a chumail am bliadhna.

Taing mhòr dhuibh uile.



THANKS TO OUR SPONSORS

We would like to thank our sponsors for their continued support to the organisation.

We are grateful for their sponsorship and it is thanks to this support that we were able to host a Virtual Royal National Mod this year.

Thank you.



TOSGAIRE NA GÀIDHLIG

Chaidh Alasdair MacLleBhàin ainmeachadh mar Tosgaire na Gàidhlig aig Mòd Nàiseanta Rìoghail 2019 ann an Glaschu, agus chaidh an duais a' shìneadh dhà le Leas-phrìomh-Mhìnisteir agus Rùnaire Foghlaim na h-Alba, Iain Swinney.

B' ann ann an 2008 a dh' iarr Riaghaltas na h-Alba air a' Chomunn Ghàidhealach cuideigin a chomharrachadh a bha, mar thoradh air sàr-shaothair as leth na Gàidhlig, airidh air an ainmeachadh mar Thosgaire Gàidhlig na Bliadhna. Chuir an Riaghaltas fhèin air dòigh duais shònraichte òrdachadh bho neach-ealain ann an sgìre na h-Eaglaise Bric, sgìre-aoigheachd Mhòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna sin, agus chaidh an duais a bhuileachadh air an t-seinneadair Gàidhlig ainmeil Julie Fowlis. Tha An Comunn air leth toilichte gun do cho-dhuinn Riaghaltas na h-Alba an t-urram seo a chumail a-dol, agus duais a' lìbhrigeadh gu Tosgaire Gàidhlig na Bliadhna aig gach Mòd Nàiseanta Rìoghail bhon uairsin.

Leis an t-suidheachadh àraig a th' againn am bliadhna cha robh cothrom gu bhith ann duais a lìbhrigeadh agus bha ceist oirnn dè a dhèanamh. Ged a tha Alasdair air sàr obair a dhèanamh dhan Chomuinn bhon a chaidh an t-urram a bhuileachadh air fhèin chan eil e air a bhith comasach dha a h-uile càil a bu mhiann leis a dhèanamh. Mar thoireadh air seo tha e na thlachd dhuinn fhoillseachadh gum bheil sinn air aontachadh le Alasdair gun lean esan air mar Thosgaire na Gàidhlig airson bliadhna eile, chun an Dàmhair 2021.

Thuirt Ceann-suidhe a' Chomuinn Ghàidhealaich, Ailean Caimbeul, "Tha sinn air leth toilichte gum bheil Alasdair deònach dleastanas Thosgaire na Gàidhlig a' ghiùlan cuide rinn airson bliadhna eile, agus tha sinn a' dèanamh fiughair ris na tha e a' cur roimhe a' choileanadh anns a' bhliadhna tha romhainn."



GAELOC AMBASSADOR OF THE YEAR

Alasdair Whyte was named as Gaelic Ambassador of the Year at the Royal National Mod in Glasgow in 2019, where he was presented with his award by Deputy First Minister, and Cabinet Education Secretary, John Swinney.

In 2008 the Scottish Government invited An Comunn Ghàidhealach to nominate someone who, in view of their outstanding work for Gaelic, was worthy of recognition as Gaelic Ambassador of the Year. Government officials arranged the sourcing of an appropriate award from a local artisan in the Falkirk area, where the Royal National Mod was taking place that year, and the honour was presented to Gaelic singing star Julie Fowlis. An Comunn is delighted that the Scottish Government decided to continue awarding this annual honour, and that an award has been presented to the Gaelic Ambassador of the Year at each Royal National Mod since then.

As a result of the unique situation facing us this year we had to consider how best to proceed. Although Alasdair has done sterling work in supporting An Comunn since his personal award was presented to him, he has not been able to fulfil everything he had planned and we are extremely pleased to announce that we have now agreed with Alasdair that he will continue his role as Gaelic Ambassador until October 2021.

An Comunn President, Allan Campbell said, "We are delighted that Alasdair is willing to continue in his role and with his responsibilities as Gaelic Ambassador with us for another year, and we very much look forward to seeing all that he plans to achieve over the coming year."



BRITHEAMHAN A' MHÒID

Bha e na thlachd dhuinn gu robh na
britheamhan a leanas againn aig a' Mhòd
Air-Loidhne am bliadhna. Taing mhòr dhuibh uile!



MOD ADJUDICATORS

It was a pleasure to have such talented adjudicators involved in the Virtual Mod this year. Thank you all!

Bha Iain Mac a' Ghobhainn à Tiriodh na bhritheamh air farpaisean a' Bhogsa. Tha sinn uile eòlach air Iain mar chluicheadair anns a' chòmhlan Trail West.

Ian Smith from Tiree plays with the well-known traditional band Trail West.

Bha Màiri Anna NicUalraig na britheamh airson roinnean seinn agus piào. Rugadh agus thogadh Màiri Anna ann an Glaschu, leis a' Ghàidhlig mar phrìomh cànan san dachaigh. Tha Màiri Anna aithnichte mar sheinneadair, neach-ciùil, sgrìobhaiche-ciùil, preaseantair rèidio agus tbh agus mar riochdaire ciùil.

Mary Ann Kennedy was an adjudicator for singing and piano categories. Mary Ann was brought up in a Gaelic-speaking family in Glasgow and is a well known singer, musician, composer, radio and television presenter and music producer.

Bha Raonaid Walker na breitheamh air roinnean seinn. 'S e seinneadair, sgrìobhaiche-òran agus sgrìobhaiche-ciùil stèidhichte ann an Loch Abar a th' ann an Raonaid. Tha Raonaid air ainm a dhèanamh dhith fhèin a' seinn leatha fhèin agus mar phàirt den chòmhlan Skipinnish.

Rachel Walker was an adjudicator in the singing categories. Rachel is a renowned singer, songwriter and composer, based in Lochaber. Rachel is well known for singing as a solo artist and as part of Skipinnish.

Bha Pàdruig Moireasdan na bhritheamh airson roinnean Bàrdachd agus Sgeulachd. 'S ann à Griomasaidh ann an Uibhist a Tuath a tha e. Tha e na cluicheadair bogsa-ciùil is piana, agus na sgrìobhadair ciùil, a' cluich gu tric leis a chòmhlan Beinn Lee.

Pàdruig Morrison was an adjudicator for Poetry and Storytelling categories. Pàdruig is from Grimsay in Uist. He is an accordionist, pianist and composer, often playing with popular dance band Beinn Lee.



Rugadh agus thogadh Catriona Lexy Chaimbeul ann an Nis, Leòdhas. Bha i an sàs ann an roinnean litreachais agus beul-aithris. Tha Catriona Lexy air obrachadh mar neach-ealain dràma, cleasaiche agus sgrìobhadair airson iomadach bliadhna.

Catriona Lexy Campbell was born and brought up in Ness, Isle of Lewis and was involved in the literature and oral categories of the Virtual Mod. She has worked as a theatre artist, actor and writer for many years, primarily in her native Gaelic.



Bha an sàr phìobaire Cailean MacGill'fhaolain na bhritheamh air roinnean Piobaireachd a' Mhòid Air-loidhne.

Colin MacLellan adjudicated the piping sections. Colin is a renowned piper and is presently Chairman of Scotland's Solo Piping Judges Association.



Bha Kim Carnie na breitheamh air roinnean seinn. 'S ann às an Òban a tha Kim agus tha sinn eòlach oirre mar phreasentair air 'Dè a-nis' air BBC Alba agus mar sheinneadar còmhla ri Mànran.

Kim Carnie was one of adjudicators in the singing categories for the Virtual Mod. She is from Oban and is a presenter on BBC Alba's Dè a-nis? and sings with Mànran.



Bha Artair na bhritheamh airson Roinnean Fiolm Goirid airson a' Mhòd Air-loidhne. Tha Artair air a bhith an sas ann an Rèidio, theatar agus T.V. airson barrachd air 30 bliadhna.


Arthur Donald was an adjudicator for the Short Film categories. Arthur has been involved in Radio, theatre and TV for over 30 years.



Bha Seòras Mitchelson na bhritheamh air roinnean Dannsa. Tha e air a bhith an lùib farpaisean Dannsa Gàidhealach a' Mhòid Nàiseanta Rioghail airson iomadh bliadhna. Tha e na Chathraiche air Comunn Dannsa Gàidhealach Taobh Tatha.

George Mitchelson was an adjudicator for the Dancing categories. He has been involved in the Highland Dancing competitions for the Royal National Mod for many years now. He is currently Chairman of the Tayside Highland Dancing Association.


BRITHEAMHAN A' MHÒID



MOD ADJUDICATORS

Bha Robert Robertson na bhritheamh airson farpaisean Seinn. 'S ann à Loch Abar a tha Robert. 'S e seinneadair agus neach-ciùil proifeasant a th' ann agus tha e a' cluiche ann an còmhlan Tide Lines.

Robert Robertson was an adjudicator for some of the singing categories. Robert, who hails from Lochaber, is a professional musician and sings with the popular dance band, Tide Lines.



Bha Eòghann MacEunraig a' breithneachadh roinnean fidheall agus bàrdachd. 'S ann à Lochabar a tha Eòghann. Tha e na shàr fhìdhleir agus ainmeil airson a bhith a' cluiche mar phàirt den chòmhlan Mànran.

Ewen Henderson hails from Lochaber and was adjudicating in the fiddle and poetry competitions. He is an accomplished fiddle player and is best known for playing in Mànran.



Bha Mischa Nic a' Phearasain againn na bhritheamh airson roinnean seinn agus clàrsach. 'S ann à Leòdhas a tha Mischa agus tha i a-nis a' fuireach an Glaschu far am bheil i ag obair làn-thìde mar neach-ciùil.

Mischa Macpherson, was one of our adjudicators for the singing and clàrsach categories. Mischa is a full-time musician, now based in Glasgow, although originally from the Isle of Lewis.



Bha Eilidh NicCarmaig na bhritheamh airson farpaisean Seinn. Is ann à Port Rìgh anns an Eilean Sgitheanach a tha Eilidh ged a tha i an-dràsta a' fuireach ann an Glaschu. Tha i na pàirt den chòmhlan Sian, is nuair nach eil i seinn, bidh i a' teagasg na Gàidhlig agus a' cruthachadh goireasan do luchd-teagasg.

Eilidh Cormack was an adjudicator for some of the Singing categories for the Virtual Mod. Eilidh, originally from Portree on the Isle of Skye, now lives and works in Glasgow. She is a member of the group Sian and also teaches Gaelic and creates Gaelic resources for teachers.

COM-PÀRTICHEAN BHO THALL-THAIRIS

Bha sinn glan air ar dòigh leis an àireamh a chur a-steach airson am Mòd Air-Loidhne bho thall thairis, nam measg òigridh agus inbhich à Ameireiga agus Canada agus còisir inbheach à Argentina.

Bruthaibh an seo airson faicinn El Coro Gaelico à Argentina:



TÒRAIDHEAN A' MHÒID

Bha Mòd na bliadhna sa beagan eadar-dhealaichte, leis nach deach duaisean a thoirt seachad mar is àbhaist.

Chaidh àite a bhuleachadh air com-pàrtichean ann an trì roinnean:
'Sònraichte', 'Air leth math' agus 'Ri moladh'.

Chìthean na tòraidhean gu lèir an seo:

[Toraidhean a' Mhoid](#)

MÒDAN IONADAIL 2021

Ma tha am Mòd ionadail agaibh air cinn-latha a chur air dòigh airson 2021, neo ma tha sibh a' beachdachadh air Mòd ionadail Air-loidhne a chumail, nach cuir sibh fios thugainn agus sgaoilidh sinn naidheachdan sam bith dhuibh.

OVERSEAS PARTICIPANTS

We were delighted to see the number of participants from overseas who took part in the Virtual Mod. We had participants taking part in junior and senior categories, many from America and Canada as well as a senior choir from Argentina.

[Click here to view El Coro Gaelico from Argentina:](#)



VIRTUAL MOD RESULTS

This year's Mod was different in that we were unable to award trophies as normal.


Places were awarded in three categories: 'Exceptional', 'Highly Commended' and 'Commended'.

To view results for the Virtual Royal National Mod 2020 please click [here](#):

[Virtual Mod Results](#)

PROVINCIAL MODS 2021

If your Provincial Mod has set dates for 2021 or if you are looking to stage a Virtual Provincial Mod, please let us know and we will publicise any information you wish to share.



#cleachdi
aigantaigh

CRUINNEACHADH NAN CÒISIREAN

'Be cruinneachadh nan còisirean aon de na tachartasan a dh' ionndrainn mòran dhaoine am bliadhna.

Chur sinn taghadh de dhealbhan agus bhideo no dhà suas air na meadhanan sòisealta againn, mar chuijmheachain air bliadhna chan a chaidh seachad agus airson cur nur cuimhne an càirdeas a tha eadar luchd-leanntainn a' Mhòid agus na còisirean gach bliadhna.

Bha teachdaireachd sònraichte aig Màiri Anna NicUalraig dha na còisirean ge ta, thoiribh sùil an seo.



MASSED CHOIRS

The Massed Choirs gathering was one event that was missed by many this year, the traditional final gathering of all the choirs at the Mod.

We posted a selection of photos and videos on our Facebook page from previous years, as a reminder of years gone by and of the many friendships that form between choirs and choristers each year.

Mary Ann Kennedy had a wonderful announcement for the choirs however to give them all a boost! Watch here:

JUSTGIVING

Ma tha sibh airson taic a thoirt dhan obair againn agus tabhartas a thoirt seachad, faodaidh sibh sin a dhèanamh tron duilleag JustGiving againn.



JUSTGIVING

Should you wish to support the work of An Comunn Gàidhealach, please feel free to make a donation via our JustGiving page.



BALLRACHD A' CHOMUINN

A bheil sibh n' ur ball den Chomunn Ghàidhealaich? Bidh buill a' Chomuinn a' faighinn lùghdachadh 50% air cosgaisean ticeadan a' Mhòid - 's e sàbhalaich mòr a tha seo dhuibh, gu h-àraidh ma bhios sibh a' frithhealadh mòran thachartasan seachdain a' Mhòid.

Ma tha sibh airson ballrachd am bliadhna a phàigheadh no ma tha sibh airson ballrachd a thoirt a-mach tadhlaibh air:

www.ancomunn.co.uk

Ballrachd:

£15 (inbhirch)
£5 (oileanaich)

AN COMUNN GÀIDHEALACH MEMBERSHIP

Are you a member of An Comunn Gàidhealach? All members of An Comunn Gàidhealach receive a discount of 50% on Mod tickets - that's a big saving, particularly if you hope to attend a number of Mod events during the course of the week.

To renew your membership or to become a member, please login or register via the following link:

<https://enter.ancomunn.co.uk/>

Membership

£15 (adults)
£5 (students)



Caledonian MacBrayne
Hebridean & Clyde Ferries



The Scottish
Government
Riaghaltas na h-Alba



The Highland
Council
Comhairle na
Gàidhealtachd

#cleachdi
aigantaigh

BÀRD A' CHOMUINN

SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

A chàirdean agus a bhanachàirdean còire. Pailteas naidheachdan air a mhìos-sa!

Mo mheal-a-naidheachd chridheil, sa chiad dol-a-mach, do Sgioba a' Chomuinn, a chur Mòd air Loidhne sgoinneil air dòigh dhuinn uile. Leis nach robh ach tachartasan bhiortail comasach, abair taisbeanadh deth thalantan tlachdmhor a fhuair sinn.

Rè seachdain a' Mhòid, nochd mi fhìn, ann an cuideachd triùir cho-bhàird eile, aig 'Taigh nam Bàrd' air Là Litreachais air 14 Dàmhair. Mo thaing do Eòghan Stiùbhart, Marion F NiclìleMhoire agus Marcas Mac an Tuairneir, airson còmhradh tarraingeach agus fialaidh còmhla riumsa mar 'bhean an taighe'; agus airson an cuid dhàn agus òrain a thaisbeanadh dhan luchd-amharc. Dhuibhse uile a thàinig a cheàilidh oirnn air an oidhche ud, mo bhuidheachas airson ur n-ùidh sa bhàrdachd Ghàidhlig, agus tha mi an dòchas gun do chòrd an oidhche ribh! Dhuibhse nach d'fhuair cothrom gu ruige seo gus coimhead air agus èisteachd ris - lorgaidh sibh e air duilleagan Facebook A' Chomuinn agus Comhairle nan Leabhraichean, agus air YouTube aig: <https://www.youtube.com/watch?v=sDDL4ItpKhE>

Aig an tachartas seo, ghabh mi fhìn an t-òran agam, 'Na Fir-Chlis', a dh'fhaodas sibh a chluinntinn cuideachd air an làrach-lìn agam. Leugh mi dà dhàn 'comharrachaид' a sgriobh mi le 'ad' (no crùn!) Bàrd a' Chomuin orm rè na bliadhna a dh'fhalbh. B'e a' chiad fhear 'Cumha a' Chrùin Chiomaich', a nochd sa Chuairt-litir seo aig toiseach na bliadhna, san Fhaoilleach 2020; agus an dàrna dàn 'Cruit-Cuimhneachaид', a sgriobh mi gus Là na Buaidhe Èòrpach a chomharrachadh, sa Chèitean 2020. Chì sibh an dàn seo gu h-ìosal.

Tha dà thachartas agam a' teannadh dlùth san aithghearrachd, rè Seachdain Leabhraichean na h-Alba san t-Samhain. 'S e a chiad fhear 'Còmhraidhean Cruthachail' aig Oilthigh Ghlacshu air Diluain 16 Dàmhair aig 1f; agus an dàrna fhear coinneamh agus còmhradh eadar mi fhìn agus Gillebride Mac'Illemhaoil, 'Piobrachadh na Ceòrlaidh: Togail-Inntinn gus Bàrdachd agus Ceòl Gàidhlig a Sgrìobhadh', fo sgèith Fèis Leabhraichean Uibhist agus Ceòlas Uibhist, agus ann an co-bhann

leis A' Chomunn Ghàidhealaich agus Comhairle nan Leabhraichean - air Dihaoine 20 Samhain aig 7f. Nach cuir sibh san leabhar-là agaibh iad! Gheibh sibh barrachd fios air na làraich-lìn againn.

Tha an dàrna bliadhna agam san dreuchd Bàrd a' Chomuinn direach air tòiseachadh. Mo thaing a-arithist do na buidhnean-taic. Tha sinn uile beò an dòchas gun tèid na fèisean litreachais agus ciùil air adhart - co-dhiù beò no gu didsiteach, agus co-dhiù cuid dhiubh - ann an 2021, a chaidh a chur dheth ann an 2020. Bhiodh e na urram agus na thoileachas a bhith an làthair, agus an sàs annta.

Ged a tha beatha-proifeasanta an luchd-ealain agus luchd-litreachais cho cugallach ri linn Covid, agus an teachd-a-steach acasan fo bhagairt mhòr, 's e cùis phròis agus misneachd a th'ann dhuinn uile cho fiùghantach sa tha mòran dhiubh, leis na h-oidhirpean airgid a thogail airson nan carthannasan slàinte aig àm a tha fhathast cho èiginneach. Tha mise toilichte a bhith an sàs ann am pròiseact a tha Còisir Lunnainn dìreach air tòiseachadh agus 's e leth-bhreac a' chlàir acasan 'Sia Fichead' 2010 a thairgse an asgaidh, ann an iomlaid le tabhartasan do 'Carthannasan NHS Còmhla'. Bidh am pròiseact carthannach seo a' togail airgid airson Seirbheis Nàiseanta na Slàinte - agus a' comharrachadh 130 bliadhna Còisir Gàidhlig as sine san t-saoghal - an ath bhliadhna, ann an 2021. Fior dheagh CD cuideachd a th'ann dhuibh, le ceòl taitneach agus coimiseanan is co-sheirmean cruthachail ùr air! Ma tha ùidh agaibh ann, seo dhuibh an duilleag Just-Giving: <https://www.justgiving.com/fundraising/siafichead>

Tha an cruinneachadh bàrdachd ùr agam, air a bheil 'An Seachdamh Tonn', air a shlighe tron phròiseas-foillseachaidh a nis, agus tha mi a' dèanamh fiughair mhòr ri fhaicinn ann an clò an ath bhliadhna. Tha an dàn seo am measg leth-cheud dàn ùr eile a tha sann leabhar.

BÀRD A' CHOMUINN
SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

Dear Friends. Plenty of news this month!

May I offer my congratulations to the team at An Comunn, for organising an amazing Virtual Mòd for us this month! Since virtual events were the only viable option, what a wonderful showcase of talents and pleasures we enjoyed!

During Mòd week, I appeared in the company of three other fellow poets, at 'The Poets' House' on Literature Day, 14 October. My thanks to Eòghan Stewart, Marion F Morrison and Mark Turner for a most thought-provoking and enjoyable conversation with me, in my capacity as 'compère' for the event; and for offering a rich showcase of their poems and songs for our audience. To all those who joined our gathering that evening - thank you for your interest in Gaelic poetry, and we hope that you enjoyed the evening! For those who have not yet had the opportunity to watch and listen - you still have a chance to catch us - on the Facebook pages of An Comunn and the Gaelic Books Council, and on YouTube at: <https://www.youtube.com/watch?v=sDDL4ItpKhE>

At that event, I sang my song 'The Northern Lights', which you can also hear on my website. And I read two 'occasional' poems, which I composed with my Bàrd a' Chomuinn 'hat' (or crown!) on. The first one was 'Lament of the Captive Crown', which appeared in this column at the beginning of the year, in An Comunn's January newsletter; and the second poem was 'Harp of Commemoration', which I wrote to mark Victory in Europe Day in May. You will find it at the bottom of this column.

I have two further events to look forward to imminently, during Book Week Scotland in November. The first is 'Creative Conversations' at Glasgow University, on Monday 16 November at 1pm; and the second is a meeting and conversation between myself and Gillebride Mac'Illemhaoil 'The Urge to Write: Sources of Inspiration for Gaelic Poetry and Music', on Friday 20 November at 7pm, under the auspices of the Uist Book Festival and Ceòlas Uist, in conjunction with An Comunn Gàidhealach and The Gaelic Books Council. Do put these events in your diary! There is more news about them on our websites.

The second year of my appointment as Bàrd a' Chomuinn has just commenced. My thanks once again to the sponsor organisations for their support. We are all sincerely hoping that the literature and music festivals which had to be cancelled in 2020 will be able to proceed in 2021 - some of them at least, whether as live or virtual events. It would be a joy and privilege to attend and be involved.

Even though the professional lives of the creative and literary community are currently so vulnerable in the era of Covid, and their capacity to earn a living so endangered, it is a source of pride and inspiration for us all to witness the generosity of many of them, in seeking to raise funds for health-related charities. I am pleased to be associated with such a project: the London Gaelic Choir has just begun offering free copies of their 2010 CD 'Six Score', in exchange for donations to 'NHS Charities Together'. This charitable project is raising funds for the NHS - and preparing to mark the 130th anniversary of the world's oldest Gaelic Choir - next year, in 2021. It is a terrific CD, with appealing music and creative new commissions and arrangements! If you are interested, here is the link to the Just-Giving page: <https://www.justgiving.com/fundraising/siafichead>

My new Gaelic poetry collection, titled 'The Seventh Wave', has now started its journey through the publication process, and I am excited at the prospect of seeing it published next year. The poem below is one of fifty new poems in the book.



BÀRD A' CHOMUINN
SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

Cruit-Cuimhneachaidh

Air Là na Buайдhe Eòrpaich, 8 Ceitean 2020

Cha bràigh a' chruit!
Bheir i gaol is ceòl dhuit,
's ged glaist' i a-staigh
seo dhuit beannachd bhon taigh
le co-bhàidh: is seòlaidh
ar fuinn is ar ceòlraidi
le fiughar do chèile.
Is comharracht' là-fèille
do'n linn romhainn, le cuimhe
is ar meas orr' as doimhne;
's don a huile neach-fulaing
sna làithean seo cruidh.

Seo dhuibh dealbh ùr airson an dàin seo: a'
chlàrsach agam, agus a faileas.

Cùmaibh
slàn agus sàbhailte, a chàirdean.

Beannachdan cridheil.
Sandaidh

Gheibh sibh barrachd fios air an làrach-lìn
agam: <https://sandynicdhomhnailljones.com/>

Harp of Commemoration
On VE day, 8 May 2020

The harp is not captive!
She sends love and music
and though locked indoors,
here's her blessing from home
with sympathy: our muses
and melodies will fly
over distance between us
to bring hope and regard.
Remember, this holiday,
those gone before, with
our deepest respect;
and those suffering now
in today's severe times.

Here is a new image, to accompany this poem: my
clàrsach, with her shadow.

Keep safe and well, friends.

Warm good wishes as ever.
Sandy

Further information is available on my website:
<https://sandynicdhomhnailljones.com/>



BÒRD NA GÀIDHLIG

Tha prìomh bhuidhnean ann an saoghal na Gàidhlig a' brosnachadh dhaoine òga air feadh na dùthcha gus na guthan aca a thogail is Bòrd na Gàidhlig a' cur chothroman air bhog gus èisteachd riutha. Bidh BnG a' ruith shuirbhidhean air loidhne do dh'òigridh stèidhichte air na beachdan is molaidhean aca a thaobh cleachdadhean a Gàidhlig agus mar a bheirear àrdachadh dha anns na coimhairsnachdan aca.

Bidh an là shuirbhidh, a thèid a sgoileadh do sgoiltean agus buidhnean coimhairsnachd, do sgoilearan Bun-sgoil clas 5-7, sgoilearan Àrd-sgoile ÀS1-ÀS6 agus do luchd-fàgail na sgoile. Thèid na suirbhidhean a ruith gu ruige 15mh den t-Samhain, fhad 's a bhios a' bhuidheann leasachaидh Gàidhlig a' cruinneachadh bheachdan a tha deatamach a thaobh a' chànan san àm ri teachd agus mar as urrainn do daoine òga cur ri seo air feadh na h-Alba.

Bidh na suirbhidhean seo cuideachd a' cur ri trì buidhnean fòcais air loidhne a tha gan cur air dòigh le BnG ann an com-pàirteachas le buidhnean leithid Comunn na Gàidhlig, Fèisean nan Gàidheal agus YoungScot, mar phairt den iomairt #cleachdi. Bidh iad a' toirt cothrom do dhaoine òga fa leth a lionas na suirbhidhean a bhith a' dol an sàs sna buidhnean. Tha sinn an dùil gum bi seo a' brosnachadh sgoiltean, buidhnean coimhairsnachd agus ùghdarrasan ionadail daoine òga a chur air adhart agus na buidhnean cleachdaidh is iomairtean Gàidhlig aca fhèin a ruith.

Thuirt Lucy Hannah, Tosgaire Òg na Gàidhlig 2019-20: "Tha soirbheas na Gàidhlig san àm ri teachd an urra ri Gàidheil òga a bhith a' gabhail seilbh air a' chùis agus a bhith a' taghadh na slighe air adhart dhaibh fhèin. Tha Bòrd na Gàidhlig air fìor dheagh cothrom a thoirt do dhaoine òga na beachdan aca a chur an cèill agus gus an cànan againn a neartachadh. Mar sin, tha e ro-chudromach gun gabh daoine òga pàirt san iomairt seo."

Thuirt Shona NiclùInnein, Ceannard Bhòrd na Gàidhlig: "Is e amas a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig gun tèid a' Ghàidhlig a chleachdadhean trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean agus tha pàirt ro-chudromach aig daoine òga gus dèanamh cinnteach gun tachair seo aig an àm seo agus san àm ri teachd."

"Bhrosnaichinn uiread 's a ghabhas de dh'òigridh air feadh na h-Alba gus pàirt a ghabhail anns na suirbhidhean air loidhne againn. Gu tric, tha daoine òga gu math tionnsgalach agus tha sinn a' faicinn seo mar fhìor dheagh cothrom airson a bhith a' toirt cruth-atharrachadh air a' Ghàidhlig. San aithghearrachd, bidh am fiosrachadh bho na suirbhidean is na buidhnean a' dèanamh cinnteach gu bheil sinne agus ar com-pàirtichean a' freagairt ris na feumalachdan is na h-iarrtasan aig òigridh na Gàidhlig.

"Tha seo na àm ro chudromach dhan Ghàidhlig san fharsaingeachd agus tha e fìor chudromach cho fad 's gu bheil sinn ag ullachadh airson an ath phlana nàiseanta, gum bi ar ceumannan air stiùireadh gu ceart gus dèanamh cinnteach gun lean cleachdadhean a Gàidhlig fad ghinealaichean ri teachd."

Gheibhear ceanglaichean nan suirbhidhean an seo:

Aois 9-11 (Bun-sgoil 5-7): <https://bit.ly/beachdan-oigridh-9-11>

Aois 12-19 (Àrd-sgoil 1-6 agus luchd-fàgail na sgoile): <https://bit.ly/beachdan-oigridh-12-19>

Bidh na suirbhidhean a' dùnadh aig 5f, Didòmhnaich, 15 Samhain.



BÒRD NA GÀIDHLIG

Gaelic organisations are asking young people across the country to stand up and be heard as Bòrd na Gàidhlig launch opportunities for their voices to be listened to. BnG will be running online surveys for young people based on their opinions and ideas for Gaelic usage and how to increase this within their communities.

The two surveys, which will be distributed to schools and community groups, are for Primary 5-7, Secondary pupils S1-S6 and for school leavers. The surveys will run until the 15th of November as the Gaelic development body collates opinions critical to the future of the language and how young people can help contribute to this across Scotland.

As part of its #cleachdi initiative, these surveys will also contribute to three online focus groups run by Bòrd na Gàidhlig in partnership with groups such as Comunn na Gàidhlig, Fèisean nan Gàidheal and YoungScot. Those who complete the surveys will have the opportunity to become involved in the focus groups. We hope that this will also encourage schools, community groups and local authorities to run their own Gaelic usage groups and initiatives.

Lucy Hannah, the Young Ambassador for Gaelic 2019-20 , said "The future prosperity of Gaelic rests on young Gaels taking ownership of choosing the way forward for themselves. Bòrd na Gàidhlig have presented a brilliant opportunity for young people to share their ideas and strengthen our language. It is therefore exceptionally important for young people to participate in this initiative."

Shona MacLennan, Ceannard of Bòrd na Gàidhlig, said: "The aim of the National Gaelic Plan is that Gaelic is used more often, by more people and in a wider range of situations and young people have a vital part to play to ensure that this happens now and in the future."

"I'd like to encourage as many young people from across Scotland to take part in our online surveys. Young people can be very innovative and we see this as excellent opportunity to make a defining difference to Gaelic and potentially guide support for the language in a new direction. The information from the surveys and focus groups will ensure that we and our partners respond to the needs and wishes of young Gaelic speakers."

This is a crucial juncture for Gaelic as a whole and it is very important that as we prepare the next National Gaelic Language Plan, we take the right steps to ensure that the use of Gaelic continues for generations to come."

The links to the surveys can be found here:

Ages 9-11 (Primary 5-7): <https://bit.ly/beachdan-oigridh-9-11>

Ages 12-19 (Secondary 1-6 and school leavers): <https://bit.ly/beachdan-oigridh-12-19>

Surveys close at 5pm on Sunday, 15 November.



HALLOWEEN COSTUME COMPETITION

FARPAIS ÈIDIDH OIDHCHE SHAMHNA



CUIR A-STEACH BHIDEO DHIOT FHÈIN ANNS AN
ÈIDEADH AGAD LE ÒRAN, SGEULACHD NO JOKE BEAG.
SUBMIT A VIDEO OF YOU IN YOUR COSTUME SINGING A
SONG OR TELLING US A WEE STORY OR JOKE.

BIDH BRITHEAMH SÒNRAICHTHE A' TAGHADH CÒ
BHIOS A' BUANNACHADH DU AIS
A SPECIAL GUEST JUDGE WILL DECIDE WHO WINS THE
PRIZE FOR EACH YEAR GROUP

FOSGAILTE DO BHUN-SGOILEARAN AGUS ÀRD-SGOILEARAN
OPEN TO ALL PRIMARY AND SECONDARY SCHOOL AGES

<https://tinyurl.com/oidhcheshamhna>

CEANN-LATHA: 1MH AN T-SAMHAIN
DEADLINE: 1ST NOVEMBER



#cleachdi
aigantaigh

#cleachdi
aigantaigh





CREATIVE LAND SCOT
ALBA CHIRUTHACHAIL

HIE Highlands and Islands Enterprise
Innse Gall-Ghaidhealaibh

The Highland Council Comhairle na Gàidhealtachd
GLENQUHARIE

Tha Feisean nan Gàidheal a' fatais iuc ian no buidheann chas | Feisean nan Gàidheal is supported by the above bodies



TASGADH

Traditional Arts Small Grants

Grants available from
£250 - £1000 to support
Traditional Arts Projects
(Music, Dance, Storytelling)

Two deadline dates for applications:
23/10/20 and **29/01/21**

Guidelines and Application Forms
www.feisean.org/tasgadh

Administered by



with funding from



ALBA CHIRUTHACHAIL

Fèis Air Loidhne



Clàrsach le Ingrid NicEanraig
Clàrsach with Ingrid Henderson

Eadar-Mheadhanach Aois 8+

Intermediate Aged 8+

£20 for four classes



Fèis Air Loidhne Clasaichean le Ingrid Henderson NicEanraig a'
tòiseachadh air 5mh an t-Sultain.

Gaelic Medium Clàrsach Classes with Ingrid Henderson are
available from the 5th of November.

COMHAIRLE NAN LEABHRAICHEAN

Farpais Ficsean 50 Facal – 50 Word Fiction

Air a' mhìos seo thathar a' sireadh sgeulachdan, ann an suas ri 50 facal, mu dheidhinn cuairt sna beanntan.

Duais bho Chomhairle nan Leabhraichean airson na sgeulachd Ghàidhlig as fheàrr, mar sin, siuthad - cuir peann ri pàipear!

Ceann-latha: 24 Samhain 2020.

Deiseil? Deònach? Sgriobh!

<https://bit.ly/2JlknYW>

GAElic BOOKS COUNCIL

Farpais Ficsean 50 Facal – 50 Word Fiction

This month's prompt is to write a 50 word story featuring a mountain walk.


There's a separate category for Gaelic entries, with a prize from the Gaelic Books Council, so get scribbling!

Deadline: 24th November 2020.

Ready? Steady? Write!

Further information and entry form here:

<https://bit.ly/2JlknYW>



#cleachdi
aigantaigh

WWW.GAEPLICBOOKS.ORG

A CAIR

Chan eil mòran teadaidhean air fhàgail, ma tha sibh ag iarraidh fear, feumaidh sibh a bhith luath! (Tiodhlac Nollaig air leth!) Tha deich dathan, cruthan agus aireamhan air an teadaidh. Tha sinn gan sgaoileadh air feadh an t-saoghail. Siuthad sibh!

[https://www.acairbooks.com/categories/the-gaelic-teddy/babog-the-gaelic-teddy-\(1\)/babog-the-gaelic-teddy-\(1\).aspx?](https://www.acairbooks.com/categories/the-gaelic-teddy/babog-the-gaelic-teddy-(1)/babog-the-gaelic-teddy-(1).aspx?fbclid=IwAR3SSlg6qxNEiEBMVop0tzdLuJtgoaOrKgohHe60QanOnyapwnR11gmZLpY)

[https://www.acairbooks.com/categories/the-gaelic-teddy/babog-the-gaelic-teddy-\(1\)/babog-the-gaelic-teddy-\(1\).aspx?fbclid=IwAR3SSlg6qxNEiEBMVop0tzdLuJtgoaOrKgohHe60QanOnyapwnR11gmZLpY](https://www.acairbooks.com/categories/the-gaelic-teddy/babog-the-gaelic-teddy-(1)/babog-the-gaelic-teddy-(1).aspx?fbclid=IwAR3SSlg6qxNEiEBMVop0tzdLuJtgoaOrKgohHe60QanOnyapwnR11gmZLpY)

There aren't many teddies left- take advantage if you'd like one! (Good Christmas present!) The speaking teddy gives ten colours, shapes and numbers.

We ship worldwide.

Quick!:

[https://www.acairbooks.com/categories/the-gaelic-teddy/babog-the-gaelic-teddy-\(1\)/babog-the-gaelic-teddy-\(1\).aspx?](https://www.acairbooks.com/categories/the-gaelic-teddy/babog-the-gaelic-teddy-(1)/babog-the-gaelic-teddy-(1).aspx?fbclid=IwAR3SSlg6qxNEiEBMVop0tzdLuJtgoaOrKgohHe60QanOnyapwnR11gmZLpY)

[https://www.acairbooks.com/categories/the-gaelic-teddy/babog-the-gaelic-teddy-\(1\)/babog-the-gaelic-teddy-\(1\).aspx?fbclid=IwAR3SSlg6qxNEiEBMVop0tzdLuJtgoaOrKgohHe60QanOnyapwnR11gmZLpY](https://www.acairbooks.com/categories/the-gaelic-teddy/babog-the-gaelic-teddy-(1)/babog-the-gaelic-teddy-(1).aspx?fbclid=IwAR3SSlg6qxNEiEBMVop0tzdLuJtgoaOrKgohHe60QanOnyapwnR11gmZLpY)



Nach toir sibh sùil air na leabhraichean-èisteachd aig Acair?

Tha a' chuid mhòr an-asgaidh!

<https://bit.ly/32JDr7a>

#cleachdi
aigantaigh

Why not have a look at Acair's audiobook selection?

Most of them are free:

<https://bit.ly/32JDr7a>





anseotal
Stòr-dàta Briathrachais Gàidhlig

Briathrachas Matamataig

$a^2 + b^2 = c^2$

www.anseotal.org.uk

anseotal
Stòr-dàta Briathrachais Gàidhlig

Briathrachas Cruinn-eòlais

cruinn-eòlas

$n = \frac{N}{S \cdot T} \cdot 10^3$

www.anseotal.org.uk

Lin-bheachdan airson Saidheans:
Inneal-taic airson saidheans a chur an lùib cuspair (Bun-sgoil)

Na Lochianach – Lin-bheachdan airson Saidheans: An 1-5 Phàisias

Dè th' ann?

Chaidh na lin a dealbh mar inneal a chuidicheas le planadh cuspair, agus gus beachdachadh air mar a tha saidheans an lùib a' chuspair.

www.storlann.co.uk/stem

Stòrlann

Stòrlann

Tha Sinn a' Dol a Shireadh Mathan
Michael Rosen Helen Oxenbury

www.storlann.co.uk/mathan

Chaidh an leabhar *Tha Sinn a' Dol a Shireadh Mathan* fhoillseachadh le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig. Tha suthan-taic air an làraich seo a bhios nan cuideachadh sa chlas. Tha faidhle-fuaim ann le Tony Kearney a' leughadh an leabhair. Gabhaidh a chleachdadadh san sgoil no aig an taigh.

www.storlann.co.uk/mathan

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh mu na goireasan a tha ri fhaighinn air duilleag Facebook Stòrlann:

<https://www.facebook.com/storlann/>

COMUNN NA GÀIDHLIG

Aois 12-18? An toil leat a' dol a-mach a' ruith, a' coiseachd, air a' bhaidhseagal no a' snàmh? Seo cothrom dhuibh adhartas pearsanta a chlàradh, coimhearsnachd a thogail is do chuid Ghàidhlig a chleachdadadh air loidhne. Siuthadaibh - Gluais!

<https://www.strava.com/clubs/Gluais>
#cleachdi #cleachdiaigantaigh



Age 12-18? Like going out running, walking, hiking, cycling or swimming? Here's a chance to record your personal progress, share it and connect with other like-minded Gaelic speaking teens from all over Scotland.

Join our new Strava club 'Gluais!' today

Monthly events and challenges you can participate in from your local area, and, when coronavirus guidelines allow in the future, inter-district events and meet-ups!

Download the Strava app or join online here:

<https://www.strava.com/clubs/Gluais>
#cleachdi #cleachdiaigantaigh



#cleachdi
aigantaigh



An còrdadh e ribh dùrachd co-là-breith fhaighinn air CBeebies ALBA?

Tha sinn a' coimhead airson dùrachdan co-là-breith don fheadhainn bheaga agaibh a tha eadar 1 agus 7 bliadhna a dh'aois.

Nan còrdadh e ribh dùrachd a chur thuca, bhiodh e sgoinneil cluinntinn bhuaibh! Cuiribh post-d gu clann@bbc.co.uk leis an fhiosrachadh a leanas: ainm agus co-là-breith.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri cluinntinn bhuaibh!



Would you like to give your child a birthday shout-out on CBeebies ALBA?

We're looking for birthday shout-outs for children between the ages of 1 and 7 years old.

If you would like your child's birthday mentioned, please send an email to clann@bbc.co.uk with the following information: your child's name and their date of birth.

We look forward to hearing from you!



#cleachdi
aigantaigh 

OIFIS INBHIR NIS

Àrd-oifigear: Seumas Greumach

Oifigear a' Mhòid: Seonag Anderson

An Comunn Gàidhealach
Taigh Bhaile an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR

Fòn: 01463 709 705

Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

OIFIS STEÒRNABHAIGH

Rùnaire a' Chomuinn: Peigi NicUinnein

Oifigear a' Mhòid: Marina NicAoidh
(pàirt-ùine)

An Comunn Gàidhealach
Aonad 7a
7 Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN

Fòn: 01851 703 487

Post-d: peigi@ancomunn.co.uk



Caledonian MacBrayne®
Hebridean & Clyde Ferries



#cleachdi
aigantaigh

